



# Plana Gàidhlig

Eagan / Edition 3

# Gaelic Language Plan

2023



2028



Cover Image:

Maim - Theatre Gu Leòr

*Dealbh: Mihaela Bodlovic*

Maim - Theatre Gu Leòr

*Photo: Mihaela Bodlovic*

# Plana Gàidhlig | Gaelic Language Plan

## CLÀR-INNSE | CONTENTS

Section <b>1</b>	<b>Facal-toisich</b> <b>Introduction</b>	<b>04</b>
Section <b>2</b>	<b>Tar-shealladh</b> <b>Overview</b>	<b>09</b>
Section <b>3</b>	<b>Amasan agus Gníomhan</b> <b>Aims &amp; Actions</b>	<b>28</b>
Section <b>4</b>	<b>Buileachadh</b> <b>Implementation</b>	<b>70</b>



# Facal-toisich

## Earran 1

**Tidal Chair 2022,**  
*Calum MacFhionghain*  
*Fearghasdan*

**Tidal Chair 2022,**  
*Calum Mackinnon*  
*Ferguson*



# Introduction

## Section 1



**“Tha a’ Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dh’eachdraidh is cruthachalachd na h-Alba.”**

**Lèirsinn Alba Chruthachail airson na Gàidhlig, 2023-2028**

---

**“Gaelic language is an intrinsic part of Scotland’s culture and creativity.”**

**Creative Scotland’s Vision for Gaelic, 2023-2028**

---

# Lèirsinn Alba Chruthachail airson na Gàidhlig, 2023-2028

## Tha a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dh'eachdraidh is cruthachalachd na h-Alba.

Tha i a' toirt buaidh air agus a' cumadh ar litreachas, ar ceòl, ar n-ealainean, ar film agus TBh, ar fèisean, agus a' toirt buaidh air gach taobh de ar gnìomhachd chruthachail choitcheann an dà chuid a thaobh dualchas na Gàidhlig, ach cuideachd a thaobh a spionnadh agus a comas san àm ri teachd.

Is e an lèirsinn a th' againn, le taic bho na gnìomhan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo, gum bi àite ro-chudromach aig Gàidhlig ann an cultar agus cruthachalachd na h-Alba air aithneachadh fhathast, agus a' fàs agus a' leasachadh thar nan còig bliadhna ri teachd, le taic bho obair Alba Chruthachail (a' gabhail a-steach Sgrìn Alba).

Togaidh am Plana seo air na chaidh a choileanadh san dà Phlana Ghàidhlig a bh' againn roimhe, a' leasachadh agus a' togail orra sin nuair a ghabhas e dèanamh, tron mhaoineachadh agus obair leasachadh againn, tron obair tagraidh agus buaidh againn agus tron gnìomhachd againn

Bidh na gnìomhan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo cuideachd a' toirt taic do libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028, a tha cuideachd ga sgrìobhadh le Bòrd na Gàidhlig an-dràsta, agus do mhiann Riaghaltas na h-Alba agus àrdachadh fhaicinn anns na h-àireamhan de dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba.



# Creative Scotland's Vision for Gaelic, 2023-2028

**Gaelic language is an intrinsic part of Scotland's culture and creativity.**

It influences and shapes our literature, our music, our art, our film and TV, our festivals, and all aspects of our collective creative activity both in terms of Gaelic's heritage, but also in terms of its energy and future potential.

Our vision, supported by the actions set out in this Plan, is that Gaelic's vital role in Scotland's culture and creativity continues to be recognised, to grow and develop over the coming five years, supported by the work of Creative Scotland (including Screen Scotland).

This Plan will build on the achievements of our two previous Gaelic Language Plans, developing and building

on these further wherever possible, through our funding and development, our advocacy and influence and through our operations.

The actions set out in this Plan will also support the delivery of the National Gaelic Language Plan 2023-2028, which is also currently in development by Bòrd na Gàidhlig, and the Scottish Government's ambition to see an increase in the numbers of people speaking, learning, and using Gaelic in Scotland.

# Mu Alba Chruthachail

**Is e Alba Chruthachail a' bhuidheann nàiseanta a tha a' toirt taic do chultar agus cruthachalachd thar gach ceàrnaidh de dh'Alba. Is e Buidheann Phoblach Neo-roinneil a th' annainn, le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus Ministearan na h-Alba agus bidh sinn a' faighinn agus a' sgaoileadh maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus bhon Chranncur Nàiseanta.**

Tha an raon-ùghdarrais againn air a mhìneachadh ann am Pàirt 4 de dh'Àchd Ath-leasachadh Seirbheisean Poblach (Alba) 2010 a tha a' mìneachadh gnìomhan coitcheann Alba Chruthachail mar a leanas:

- A' comharrachadh, a' cumail taic ri agus a' leasachadh càileachd agus sàr-mhathas anns na h-ealain agus cultar bhon fheadhainn a tha an sàs ann an obair ealain agus obair chruthachail eile
- A' brosnachadh tuigse agus meas air, agus tlachd às, na h-ealain agus cultar
- A' brosnachadh na h-uimhir de dhaoine 's a ghabhas gus cothrom fhaighinn air agus com-pàirt a ghabhail anns na h-ealain agus cultar
- A' toirt gu buil, cho fada 's a ghabhas e dèanamh gu practaigeach, luach agus buannachdan (gu sònraichte, luach agus buannachdan nàiseanta is eadar-nàiseanta) cultair is nan ealain
- A' brosnachadh agus a' toirt taic do dh'oidhirpean ealain agus cruthachail eile a tha a' cur ri tuigse air cultar nàiseanta na h-Alba san t-seagh as fharsaing mar dhòigh-beatha
- A' brosnachadh agus a' toirt taic do ghnìomhachasan agus gnìomhachd choimeirsealta eile, le prìomh fhòcas air a bhith a' cur sgilean cruthachail an gnìomh.

# About Creative Scotland

**Creative Scotland is the national body which supports culture and creativity across all parts of Scotland. We are a Non-Departmental Public Body, sponsored by Scottish Government and Scottish Ministers and we receive and distribute funding from the Scottish Government and the National Lottery.**

Our remit is set out in Part 4 of the Public Services Reform (Scotland) Act 2010 which describes the general functions of Creative Scotland as:


- Identifying, supporting and developing quality and excellence in the arts and culture from those engaged in artistic and other creative endeavours
- Promoting understanding, appreciation and enjoyment of the arts and culture
- Encouraging as many people as possible to access and participate in the arts and culture
- Realising, as far as reasonably practicable to do so, the value and benefits (in particular, the national and international value and benefits) of the arts and culture
- Encouraging and supporting artistic and other creative endeavours which contribute to an understanding of Scotland's national culture in its broad sense as a way of life
- Promoting and supporting industries and other commercial activity, the primary focus of which is the application of creative skills.

**Bidh sinn a' toirt taic do chultar is cruthachalachd tro ar maoineachadh, ar tagradh, ar n-obair leasachaidh agus mar bhuidheann a tha airson buaidh a thoirt air daoine eile gus luach a chur air agus com-pàirt a ghabhail ann an gnìomhachd chultarach is chruthachail, ge b' e cò iad.**

Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, an Crannchur Nàiseanta, Ùghdarrasan Ionadail agus na roinnean poblach, priobhaideach agus saor-thoileach san fharsaingeachd gus an taic seo a libhrigeadh.

**We support culture and creativity through our funding, our advocacy, our development work and as an organisation that seeks to influence others to value and participate in cultural and creative activity, whomever they may be.**

We work in partnership with Scottish Government, the National Lottery, Local Authorities and the wider public, private and voluntary sectors to deliver this support.



# Tar-shealladh

## Earran 2

Lines (57° 59' N, 7° 16' W)

*Taigh Chearsabhagh,  
Uibhist a Tuath*

Lines (57° 59' N, 7° 16' W)

*Taigh Chearsabhagh Arts  
Centre in North Uist*



# Overview

## Section 2

# Carson a tha feum againn air Plana Gàidhlig?

“Tha Alba Chruthachail ag aithneachadh gu bheil a’ Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba.”

Tha sinn ag aontachadh ri amasan **Plana Nàiseanta na Gàidhlig** agus tha sinn air na h-iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig seasmhach ann an Alba, agus gu sònraichte gum bi i na pàirt bhunaiteach de bheatha ealain is chultarail bheothail na h-Alba.

Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig cugallach agus, ma tha a’ Ghàidhlig gu bhith air a neartachadh agus gu bhith a’ soirbheachadh, gu bheil feum air oidhirp mhòr bhon Rìghaltas agus bhon chomann-shòisealta san fharsaingeachd gus tuigse agus meas air a’ chànan agus a’ chultar a bhrosnachadh, cho math ri bhith a’ brosnachadh ùidh ann an ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig.

Is e an sgrìobhainn seo an treas eagan den Phlana Gàidhlig againn a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a’ mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, nar conaltradh agus nar n-obair maoineachaidh is leasachaidh. Thathar air am Plana Gàidhlig againn a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Phlana Nàiseanta na Gàidhlig is air an stiùireadh air deasachadh phlanaichean Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig.



# Why we need a Gaelic Language Plan?

“Creative Scotland fully recognises that Gaelic is an integral part of Scotland’s heritage, national identity and cultural life.”

We are committed to the objectives set out in the [National Plan for Gaelic](#) and we have put in place the necessary initiatives to help ensure that Gaelic has a sustainable future in Scotland and in particular, an integral role in Scotland’s vibrant artistic and cultural life.

We also recognise that the position of the Gaelic language is precarious and, if Gaelic is to be strengthened and fully thrive then a concerted effort on the part of Government and broader society is required to promote understanding and appreciation of the language and culture, as well as stimulate interest in learning and using Gaelic.

This document is the third iteration of our Gaelic Language Plan, prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It sets out how we will use Gaelic in our operations, our communications and in our funding and development work. Our Gaelic Language Plan has been prepared in accordance with the statutory criteria set out in the 2005 Act with regards to the National Plan for Gaelic and with guidance on the development of Gaelic Language Plans from Bòrd na Gàidhlig.

# Prìomh Ghealltanasan

**1.** Nì Alba Chruthachail cinnteach, far a bheil Gàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt de ar n-obair agus seirbheisean, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ri na bheir sinn seachad sa Bheurla.

**2.** Nì sinn tairgse ghnìomhach de ar seirbheisean Gàidhlig do ar luchd-obrach agus don phoball. Le seo, nuair a bhios sinn a' tabhann seirbheisean Gàidhlig, bidh fios aig muinntir na Gàidhlig mun deidhinn agus bithear gam brosnachadh an cleachdadh.

**3.** Nì sinn cinnteach gum bi ar seirbheisean Gàidhlig cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn. Nì sinn cinnteach gum bi cothroman don phoball agus do ar luchd-obrach Gàidhlig a chleachdadh gu gnàthach, mar thaic do amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

# Core Commitments

**1.** Creative Scotland will ensure that, where Gaelic is included as part of our operations and services, we will ensure that they are of an equal standard and quality of those we provide in English.

**2.** We will make an active offer of our Gaelic services to our employees and the public. This will ensure that where Gaelic services are made available by us, Gaelic users are made aware of their existence and are actively encouraged to use them.

**3.** We will ensure that our Gaelic language services are as accessible as our English services. We will ensure that opportunities for the public and our staff to use Gaelic are normalized, in support of the National Gaelic Language Plan's aims.

## Cò dha a tha am Plana seo?

Tha **Plana Gàidhlig Alba Chruthachail** ann airson duine sam bith aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig, gu sònraichte ann an co-theacs cruthachalachd is cultair na h-Alba. Tha am Plana a' mìneachadh àrd-amasan Alba Chruthachail airson taic a thoirt dhan Ghàidhlig agus a cultar tron mhaoineachadh, leasachadh, tagradh, agus conaltradh againn, a' gabhail a-steach *Sgrìn Alba*.

Gu sònraichte, tha am Plana seo dhan Luchd-obrach againn agus do na daoine agus do na buidhnean ann an roinn chruthachail is chultarail na h-Alba dham bi sinn a' toirt taic. Tha e cuideachd do na buidhnean poblach, ùghdarrasan ionadail, agus buidhnean luchd-ùidh eile leis a bheil sinn ag obair ann an com-pàirteachas

## Who is this Plan for?

**Creative Scotland's Gaelic Language Plan** is for anyone who has an interest in Gaelic language, particularly in the context of Scotland's creativity and culture. The Plan sets out Creative Scotland's ambitions for supporting Gaelic language and culture through our funding, our development, our advocacy, and our communications, including *Screen Scotland*.

More specifically, this Plan is for our Staff and for the people and organisations in Scotland's creative and cultural sector whom we support. It is also for other public bodies, local authorities, and stakeholder organisations whom we work in partnership with.



Buain 2023 - Cruinneachadh  
Iuchd-ealain na Gàidhlig  
Dealbh le Holly Pearson  
Photography do dh'Astar  
Media

Buain 2023 Gaelic Arts  
& Culture Gathering  
Image by Holly Pearson  
Photography for Astar Media

# Taic Alba Chruthachail dhan Ghàidhlig agus a Cultar

Tha obair Alba Chruthachail leis a' Ghàidhlig agus a cultar farsaing mar-thà agus 's e aon adhbhar aig a' Phlana seo an obair sin a mhineachadh, gus fàs a thoirt oirre agus a bhith soilleir mun taic a bheir sin seachad tro 2023-28.

Tha cultar agus cruthachalachd ann an Alba eadar-fhichte leis a' Ghàidhlig an dà chuid mar chànan agus mar mheadhan cultarail agus tha sinn a' toirt taic dhan Ghàidhlig ann an ceithir prìomh dhòighean:

1. Maoinachadh agus leasachadh
2. Tagradh agus toirt buaidh
3. Obrachaidhean
4. Conaltradh

Tha Alba Chruthachail a' tasgadh gu mòr ann am buidhnean, luchd-ealain, cleachdaichean cruthachail, agus pròiseactan aig a bheil susbaint Ghàidhlig no a tha a' comharrachadh no a' nochdadh Cultar na Gàidhlig. Tha am maoinachadh agus an leasachadh seo a' gabhail a-steach an speactraim ealain is cruinn-eòlasaich bho fhèisean leithid *Blas*, *Fèis Cheilteach Innse Gall* agus *Celtic Connections*, agus buidhnean leithid *Fèisean nan Gàidheal*, *Fèis Rois*, gu maoinachadh airson ionadan mar An Lanntair ann an Steòrnabhagh agus Taigh Chearsabhagh ann an Uibhist a Tuath.

Bidh Alba Chruthachail cuideachd a' maoinachadh agus a' toirt taic do dh'fhoillseachadh, litreachas, agus bàrdachd Ghàidhlig (mar eisimpleir, Comhairle nan Leabhraichean), tèatar Gàidhlig tro bhuidhnean mar *Theatre gu Leòr* agus ealain lèirsinneach a chaidh a bhrosnachadh le cultar na Gàidhlig. Tron mhaoinachadh againn airson film, tha sinn cuideachd a' toirt taic do dh'fhilmichean is TBh Gàidhlig agus dà-chànanach agus ag obair ann an com-pàirteachas le *MG ALBA* agus FilmG. Gu ìre mhòr, tha a' Ghàidhlig agus a cultar air 'àbhaisteachadh' mar-thà a thaobh nan iomairtean cruthachail is cultarail ris am bi Alba Chruthachail a' toirt taic. Tha sinn a' gealltainn gun lean seo agus, ma cheadaicheas buidseatan, gun tèid a leudachadh.

# Creative Scotland's support for Gaelic Language and Culture

Creative Scotland's engagement with Gaelic language and Gaelic culture is already extensive and one purpose of this Plan is to set out that engagement, grow and develop it and to be clear on the nature of our commitment through 2023-28.

Culture and creativity in Scotland, is intertwined with Gaelic as both a language and a cultural force and we support Gaelic in four main ways:

1. Funding and development
2. Advocacy and influence
3. Operations
4. Communications

Creative Scotland invests significantly in organisations, artists, creative practitioners, and projects that have Gaelic content or that celebrate or reflect Gaelic Culture. This funding and development, covers the artistic and geographical spectrum from festivals such as *Blas*, *HebCelt* and *Celtic Connections*, and organisations such as *Fèisean nan Gàidheal*, *Fèis Rois*, through to funding for venues like An Lanntair in Stornoway and Taigh Chearsabhagh in North Uist.

Creative Scotland also funds and supports Gaelic language publication, literature, and poetry (for example, Comhairle nan Leabhraichean), Gaelic language theatre through organisations like *Theatre Gu Leòr* and visual art influenced by Gaelic culture. Through our funding for film, we also support Gaelic language and bilingual film and TV and work in partnership with *MG ALBA* and *FilmG*. In essence, Gaelic language and culture is already 'normalised' in terms of the creative and cultural initiatives that Creative Scotland supports, and we are committed to this both continuing and, budgets permitting, expanding.



Triúir aig Trí

Buaidheachas do:  
Sorbier Productions

Triúir aig Trí

Credit: Sorbier Productions





# THA AN OBAIR AGAINN A' TOIRT TAIC DHAN GÀIDHLIG AGUS A CULTAR, AGUS A' CUR RIS NA BUILEAN A THA AIR AM MÌNEACHADH SA PHLANA NÀISEANTA ANNS NA DÒIGHEAN A LEANAS:

## 1. Maoinachadh agus Leasachadh

'S ann tro ar taic maoinachaidh do dhaoine fa leth agus do buidhnean a tha ag obair sa Ghàidhlig, air feadh Alba agus thar diofar chruthan ealain, an dòigh as motha anns am bi Alba Chruthachail (agus Sgrìn Alba) a' cur ris a' Ghàidhlig agus a cultar.

Mheudaich an taic maoinachaidh againn do phròiseactan ealain is cruthachail, ag obair tron Ghàidhlig gu tur no gu ìre mhòr, faisg air 70% eadar 2018/19 agus 2019/20 agus, a dh'aindeoin dùbhlain buaidh COVID-19, bha an àireamh de thabhartasan fhathast aig an ìre 2019/20 ann an 2020/21, gun a bhith a' toirt a-steach Maoinean Faochadh Èiginn COVID-19.

Tro bheatha a' phlana seo, cumaidh Alba Chruthachail air a' brosnachadh agus a' leasachadh obair chruthachail sa Ghàidhlig thar diofar chruthan ealain agus air feadh na h-Alba.

A bharrachd air seo, bidh sinn cuideachd a' cuimseachadh air leasachadh nan Ealainean Gàidhlig aig ìre nàiseanta is coimhearsnachd, ag obair le com-pàirtichean cruthachail agus luchd-ùidh agus bidh an obair seo air a stiùireadh leis an Oifigear Ealain Ghàidhlig againn, a chaidh fhadadh rè beatha an dàrna eagrain den Phlana Ghàidhlig againn.

# OUR WORK SUPPORTS GAELIC LANGUAGE AND CULTURE, AND CONTRIBUTES TO THE OUTCOMES SET OUT IN THE NATIONAL PLAN IN THE FOLLOWING WAYS:

## 1. Funding and Development

The most significant contribution to Gaelic language and culture that Creative Scotland (and Screen Scotland) makes is through our funding support to individuals and organisations working in Gaelic, across Scotland and across different art forms.

Our funding support for artistic and creative projects, working exclusively or primarily in Gaelic, increased by almost 70% between 2018/19 and 2019/20 and, despite the challenges of the impact of COVID-19, the number of awards remained at the 2019/20 level in 2020/21, excluding COVID-19 Emergency Relief Funds.

In the period covered by this Plan, Creative Scotland will continue to encourage and develop creative work in Gaelic across art forms and across Scotland.

Alongside this, we will also focus on Gaelic Arts development at a national and community level, working with creative partners and stakeholders and this work will be driven by our Gaelic Arts Officer, who was appointed during the life of the second iteration of our Gaelic Language Plan.



Cèilidh air Chuairt -  
Fèisean nan Gàidheal

Dealbh: Cailean  
MacIlleathain

Cèilidh Trail - Fèisean  
nan Gàidheal

Photo: Cailean Maclean

## Tagradh agus Toirt buaidh 2.

Cumaidh Alba Chruthachail air a' tagradh airson cultar is cruthachalachd na Gàidhlig tron chonaltradh againn air an taobh a-muigh le luchd-ùidh, tro bhith ag obair ann an com-pàirteachas le daoine eile, agus tro bhith ag innse sgeulachdan agus a bhith a' brosnachadh na h-obrach a tha sinn a' maoineachadh gu sònraichte gu for-ghnìomhach, agus luach na Gàidhlig agus a cultar san fharsaingeachd, tro na seanailean againn uile a' gabhail a-steach an àrd-ùrlair tagraidh againn, *Ar Guth Chruthachail*. A bharrachd air an sin, thèid Alba Chruthachail an sàs gu gnìomhach leis an iomairt *Astar Adhartais nas Luaithe*.

## Obrachaidhean 3.

Bheir ar gnìomhachd taic dhan Ghàidhlig tro libhrigeadh agus adhartachadh èifeachdach den Phlana Ghàidhlig; tro sgrùdadh air an taobh a-staigh, leasachadh, agus trèanadh; agus tro bhith a' brosnachadh taic dhan Ghàidhlig am measg an fheadhainn a tha sinn a' maoineachadh. Cumaidh sinn oirnn le àbhaisteachadh na Gàidhlig is a cultair tron obair uile againn.

## 2. Advocacy and Influence

Creative Scotland will continue to advocate for Gaelic culture and creativity through our external engagement with stakeholders, through working in partnership with others, and through story-telling and proactive promotion of the work we fund specifically, and the value of Gaelic language and culture more generally, through all our channels including our advocacy platform, *Our Creative Voice*. In addition, Creative Scotland will actively engage with the *Faster Rate of Progress* initiative.

## 3. Operations

Our operations will support Gaelic language through effective delivery and promotion of the Gaelic Language Plan; through internal review, development, and training; and through encouraging support for Gaelic among those we fund. Support for Gaelic language and culture will continue to be normalised through our operations.





## 4. Conaltradh

Bheir gnìomhachd conaltraidh Alba Chruthachail taic dhan Ghàidhlig agus a cultar far a bheil sin comasach agus iomchaidh, a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh susbaint Ghàidhlig gu for-ghnìomhach, a bhith a' taisbeanadh stuthan iomchaidh san dà chànan agus inbhe dhà-chànanais leantainn sa bhrannadh againn.



## Communications **4.**

Creative Scotland communications activity will support Gaelic language and culture wherever possible and appropriate, including the development of proactive Gaelic content, the presentation of appropriate materials bilingually and the continued standard of bilingualism in our branding.



Ceòl nam Fèis - Fèisean  
nan Gàidheal

*Dealbh: Andrew Smith*

Ceòl nam Fèis - Fèisean  
nan Gàidheal

*Photo: Andrew Smith*





# Ar n-amasan airson na Gàidhlig 2023-2028

Rinneadh Plana Gàidhlig Alba Chruthachail 2023-28 a rèir Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, le iomradh air dreachd Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28, a chunnacas aig ìre co-chomhairleachaidh phoblaich.

Mar sin, tha Plana Gàidhlig Alba Chruthachail 2023-28 a rèir amasan agus rùn Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.

Bheir Plana Gàidhlig Alba Chruthachail 2023-28 taic do na h-amasan agus miannan a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023-28, a tha dà-fhillte:

- Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig
- Cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig

Gu sònraichte, cleachdaidh Alba Chruthachail am maoinachadh, an leasachadh, an tagradh agus an conaltradh againn gus cuideachadh le bhith a' coileanadh nan àrd-amasan a leanas a tha air am mìneachadh sa Phlana Nàiseanta:

- Cleachd maoinachadh a th' ann mar-thà ann an dòigh nas soirbheachaile gus taic a chumail dhan Ghàidhlig, a bhith a' toirt seachad goireasan ùra gus cothroman ùra a chruthachadh agus gus atharrachadh mòr a thoirt san fharsaingeachd air an dòigh sa bheil sinn uile a' smaoinachadh mun Ghàidhlig.
- Tha e comasach dhan a h-uile duine cothrom fhaighinn air, agus tlachd fhaighinn à, ealainean is cultar na Gàidhlig gu pearsanta agus air-loidhne.
- Ruigidh na meadhanan Gàidhlig millean duine gach seachdain agus cumaidh e taic ri suas ri 250,000 luchd-labhairt ùra na Gàidhlig.
- Tha a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh san dachaigh, gu sòisealta agus san àite-obrach air feadh na dùthcha.
- 100 buidheann poblach an sàs ann a bhith a' cruthachadh agus a' cur an gnìomh nam planaichean Gàidhlig aca (tha Alba Chruthachail air aon de na buidhnean poblach sin).

Tha na clàran a leanas a' mìneachadh gnìomhan mionaideach mu choinneamh nan Amasan Àrd-Ìre (a chaidh aontachadh le *Bòrd na Gàidhlig* sa Ghearran 2022) airson ar taic dhan Ghàidhlig, 2023-28.

# Our Ambitions for Gaelic 2023-2028



Creative Scotland's Gaelic Language Plan 2023-28 was created in line with the National Gaelic Language Plan 2018-23, with reference to the draft National Gaelic Language Plan 2023-28, which was viewed in its public consultation stage. As such, Creative Scotland's Gaelic Language Plan 2023-28 reflects the aims and ambitions in the National Gaelic Language Plan 2023-28.

Creative Scotland's Gaelic Language Plan 2023-28 will support the aims and ambitions set out in the National Gaelic Language Plan 2023-28, which are two-fold:

- Increase the use of Gaelic
- Increase the learning of Gaelic

More specifically, Creative Scotland will use our funding and development, our advocacy and our communications to help achieve the following ambitions set out in the National Plan:

- Use existing funding more successfully to support Gaelic, the provision of new resources to develop new opportunities and overall, a significant change in the way we all think about Gaelic.
- Everybody in Scotland is able to access and enjoy Gaelic arts and culture in person and online.
- Gaelic media will reach 1 million people a week and support up to 250,000 new users of Gaelic.
- Gaelic is normalised as a language in the home, socially and in the workplace across the country.
- 100 public bodies engaged in developing and implementing their Gaelic language plans (Creative Scotland is one of those public bodies).

The following tables set out detailed actions against the High Level Aims (approved in February 2022 by *Bòrd na Gàidhlig*) for our support for Gaelic Language, 2023-28.

A handwritten signature in black ink that reads "Kenneth Fowler". The signature is fluid and cursive, with the first letters of "Kenneth" and "Fowler" being capitalized and prominent.

Kenneth Fowler

Stiùiriche Conaltraidh agus Dàimhean Taobh a-muigh  
Director of Communications and External Relations

# Amasan agus Gnìomhan


## Earran 3

Hebridean Treasure: Lost  
& Found aig Taigh-cluich  
Netherbow

*Dealbh: Sandy Butler*

Hebridean Treasure:  
Lost & Found at  
Netherbow Theatre

*Photo: Sandy Butler*



# Aims and Actions

Section 3

# **Amasan airson eagraan 3 de Phlana Gàidhlig Alba Chruthachail**

---

## **Aims for edition 3 of Creative Scotland's Gaelic Language Plan**

## **A' cleachdadh na Gàidhlig**

**Maoineachadh agus Leasachadh**

### **Using Gaelic**

**Funding and Development**

**34.**

## **Ag ionnsachadh na Gàidhlig**

**Maoineachadh agus Leasachadh/Obrachaidhean**

### **Learning Gaelic**

**Funding and Development/Operations**

**42.**

## **Amasan airson Seirbheisean Corporra**


**Corporate Service Aims**

**48.**

# A' cleachdadh na Gàidhlig

Maoineachadh agus Leasachadh





# Using Gaelic

## Funding and Development

## A' cleachdadh na Gàidhlig Maoineachadh agus Leasachadh

1.

**A' brosnachadh  
bhuidhnean  
maoinichte gus  
planaichean a  
chruthachadh  
airson cleachdadh  
na Gàidhlig a  
mheudachadh.**

### Gnìomhan gus na h-amasan sin a lìbhrigeadh

Leanaidh maoineachadh airson pròiseactan agus buidhnean Gàidhlig mar phàirt de dhòigh-obrach ath-sgrùdaichte Alba Chruthachail a thaobh maoineachaidh, a thèid a thoirt a-steach ann an 2023/24, a' gabhail a-steach:

- Maoineachadh Ioma-bhliadhna
- Maoineachadh Fosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchuir Nàiseanta
- Maoineachadh Fosgailte do Dhaoine Fa-leth a' Chrannchuir Nàiseanta
- Maoineachadh Cuimsichte
- Maoineachadh Sgrìn

### Cuine a thachras seo

A' leantainn tro 2023-28 le dòigh maoineachaidh ùr air gu bhith air a thoirt a-steach ann an 2023/24

Bidh a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh mar phàirt den dòigh maoineachaidh ùr.

## Using Gaelic Funding and Development

1.

**Continue to fund projects and strategic organisations which deliver arts and culture through the medium of Gaelic.**

### **Actions to deliver these aims**

Funding for Gaelic language projects and organisations will continue as part of Creative Scotland's revised approach to funding, to be introduced in 2023/24, including:

- Multi Year Funding
- National Lottery Open Funding for Organisations
- National Lottery Open Funding for Individuals
- Targeted Funding
- Screen Funding

### **When this will happen**

Ongoing through 2023-28 with new funding approach introduced in 2023/24.

Gaelic will be normalised as part of the new funding approach.

## A' cleachdadh na Gàidhlig Maoineachadh agus Leasachadh

# 2.

**2. A' brosnachadh buidhnean maoinichte gus planaichean a chruthachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh.**

### Gnìomhan gus na h-amasan sin a lìbhrigeadh

Anns a h-uile suidheachadh, bithear a' brosnachadh a bhith a' cruthachadh planaichean agus a' dèanamh obair chruthachail a chuireas ri mothachadh, meas agus cleachdadh na Gàidhlig. Tha seo air a ghabhail a-steach nar Riaghailtean Maoineachaidh ùra a bhuaileas ri ar Maoineachadh air fad.

Far am faigh buidhnean maoineachadh bho Alba Chruthachail airson pròiseactan a chleachdas a' Ghàidhlig, nì sinn ar dìcheall dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh aig ìre iomchaidh. Cumar sùil air an seo tron aithris crìoch phròiseict bhliadhnail a tha mar dhleastanas air na h-uile a gheibh ionmhas.

### Cuine a thachras seo

A' leantainn tro 2023-28 le dòigh maoineachaidh ùr air gu bhith air a thoirt a-steach ann an 2023/24

Bidh a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh mar phàirt den dòigh maoineachaidh ùr.

## Using Gaelic Funding and Development

# 2.

### **2. Encourage funded organisations to develop plans to increase the use of Gaelic.**

#### **Actions to deliver these aims**

In all cases, encouragement to develop plans and to produce creative work that increases awareness, appreciation and the use of Gaelic will be included and highlighted. This is included in our new Funding Criteria which will apply to all of our Funding.

Where organisations receive funding from Creative Scotland for projects which use Gaelic, we will endeavour to ensure that the Gaelic used is at an appropriate standard. This will be monitored through the annual and end-of-project reporting which is required of all funding recipients.

#### **When this will happen**

Ongoing through 2023-28 with new funding approach introduced in 2023/24.

Gaelic will be normalised as part of the new funding approach.

## A' cleachdadh na Gàidhlig Maoineachadh agus Leasachadh

# 3.

**3. A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-ealain Gàidhlig air a h-uile sruth maoineachaidh aig Alba Chruthachail.**

### Gnìomhan gus na h-amasan sin a lìbhrigeadh

Ma cheadachas buidseatan bho Riaghaltas na h-Alba agus bhon Chrannchur Nàiseanta, nì sinn cinnteach gun tèid meud agus luach a' mhaoineachaidh a chaidh a bhuileachadh air pròiseactan agus buidhnean a tha a' libhrigeadh ealainean is cultar tro mheadhan na Gàidhlig a chumail suas, no àrdachadh, tro 2023-28.

Tha cothrom aig luchd-ealain Gàidhlig air na sruthan maoineachaidh againn uile agus nì sinn cinnteach gun lean seo. Nì sinn cinnteach gum bi sanasachd ar sruthan maoineachaidh a' gabhail a-steach innse gum freagar iad air luchd-ealain Gàidhlig.

Feumaidh buidhnean a gheibh airgead thairis air iomadh bliadhna aithris gach bliadhna mun taic aca don Ghàidhlig mar phàirt den aithris CII aca.

Tron obair Leasachaidh againn, broснаichidh sinn thagraidhean agus leasachadh phròiseactan anns a' Ghàidhlig agus mun Ghàidhlig gu gnìomhach bho luchd-ealain Gàidhlig, coimhearsnachd na Gàidhlig agus an roinn chultarail is chruthachail san fharsaingeachd.

Bidh sinn cuideachd ag obair le com-pàirtichean agus luchd-ùidh gu dìreach gus barrachd phròiseactan cruthachail a cruthachadh anns a' Ghàidhlig agus mun Ghàidhlig.

### Cuine a thachras seo

A' leantainn tro 2023-28 le dòigh maoineachaidh ùr air gu bhith air a thoirt a-steach ann an 2023/24

Bidh a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh mar phàirt den dòigh maoineachaidh ùr.

## Using Gaelic Funding and Development

# 3.

### 3. Ensure that Gaelic artists have access to all Creative Scotland funding streams.

#### Actions to deliver these aims

Budgets from the Scottish Government and the National Lottery permitting, we will ensure that the volume and value of funding awarded to projects and organisations which deliver arts and culture through the medium of Gaelic is maintained, or increased, through 2023-28.

Gaelic artists have access to all of our funding streams and we will ensure that this continues to be the case. We will ensure that our promotion of our funding streams includes raising awareness of their suitability to Gaelic artists.

Through our Development work we will actively encourage applications and the development of projects in and about Gaelic from Gaelic artists, the Gaelic community and the culture and creative sector more broadly.

We will also work with partners and stakeholders directly to develop more creative projects in and about Gaelic.

All multi-year funded organisations will be required to report annually on their support for Gaelic Language as part of their EDI reporting.

Project funded organisations and individuals are also required to submit end of project reports and Gaelic content and language support will be recorded.

Creative Scotland will report on our support for Gaelic through our funding and development annually to Bòrd na Gàidhlig and in our Annual Review.

#### When this will happen

Ongoing through 2023-28 with new funding approach introduced in 2023/24.

Gaelic will be normalised as part of the new funding approach.



# Ag ionnsachadh na Gàidhlig

Maoineachadh agus Leasachadh / Obrachaidhean

Athurachadh' 'Monadh  
Talisman' 2021, Ùir  
Mhòine theannaichte

*Calum MacFhionghain  
Fearghasdan*

Athurachadh' 'Monadh  
Talisman' 2021,  
Compressed Peat Soil

*Calum Mackinnon  
Ferguson*

---





# Learning Gaelic

Funding and Development/Operations

## Ag ionnsachadh na Gàidhlig Maoineachadh agus Leasachadh/Obrachaidhean

# 4.

**A' cumail oirnn  
a' maoineachadh  
phròiseactan agus  
buidhnean ro-  
innleachdail a tha  
ag amas air cur ri  
ionnsachadh na  
Gàidhlig.**

### Gnìomhan gus na h-amasan sin a lìbhrigeadh

Tha àireamh nach beag de bhuidhnean a tha a' cumail taic ri, agus a' brosnachadh, ionnsachadh na Gàidhlig, agus mothachadh agus meas air a' chànan, am measg nam Buidhnean le Maoineachadh Cunbhalach.

Bidh sinn cuideachd a' toirt taic, tro ar maoineachadh agus leasachadh, do phròiseactan cruthachail le buidhnean agus luchd-ealain fa leth a bhrosnaicheas ionnsachadh na Gàidhlig, agus mothachadh agus meas air a' chànan.

Ma cheadachas buidseatan bho Riaghaltas na h-Alba agus bhon Chrannchur Nàiseanta, cumaidh sinn oirnn a' dèanamh seo tro na slighean maoineachaidh againn ann an 2023-28 agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' maoineachadh an aon chuibhrinn de phròiseactan den t-seòrsa seo a thaobh ar maoineachadh iomlan.

### Cuine a thachras seo

A' leantainn tro 2023-28 le dòigh maoineachaidh ùr gu bhith air a toirt a-steach ann an 2023/24

## Learning Gaelic Funding and Development/Operations

# 4.

### **4. Continue to fund projects and strategic organisations which aim to increase the learning of Gaelic.**

#### **Actions to deliver these aims**

A significant cohort of organisations who support and promote the learning of Gaelic, and awareness and appreciation of the language, is currently included in the portfolio of Regularly Funded Organisations.

We also support, through our funding and development, creative projects by organisations and individual artists that promote the learning of Gaelic, and awareness and appreciation of the language.

Budgets from the Scottish Government and the National Lottery permitting, we will continue to do this through our funding routes in 2023-28 and ensure the proportion of such projects in terms of our overall funding, is maintained.

#### **When this will happen**

Ongoing through 2023-28 with new funding approach introduced in 2023/24

## Ag ionnsachadh na Gàidhlig Maoinachadh agus Leasachadh/Obrachaidhean

# 5.

**Ag ath-stèidheachadh agus ag ùrachadh nan goireasan a chaidh a chruthachadh roimhe airson taic a chumail ri ionnsachadh na Gàidhlig ceangailte ri ealainean is cultar ann an Alba**

(mar eisimpleir susbaint air-loidhne airson *Learn Gaelic* agus/no *Speak Gaelic*).

### Gnìomhan gus na h-amasan sin a lìbhrigeadh

Bidh sinn ag ath-stèidheachadh agus ag ùrachadh a' ghoireis a-staigh a chruthaich sinn roimhe gus taic a chumail ri ionnsachadh na Gàidhlig le cuideam air cultar agus cruthachalachd.

*Clàraich a-steach ([gaelictoolkit.co.uk](http://gaelictoolkit.co.uk))*

### Cuine a thachras seo

An goireas air ath-stèidheachadh, air ùrachadh agus air a chur air bhog às ùr ann an 2023/24.

## Learning Gaelic Funding and Development/Operations

# 5.

### **Re-establish and update the previously developed resource to support Gaelic learning connected to arts and culture in Scotland**

**(for example digital content for *Learn Gaelic* and/or *Speak Gaelic*).**

### **Actions to deliver these aims**

We will re-establish and update the internal resource that we previously developed to support Gaelic Learning with an emphasis on culture and creativity.

*Login ([gaelictoolkit.co.uk](http://gaelictoolkit.co.uk))*

### **When this will happen**

Resource re-established, updated and re-launched in 2023/24.



Fèisean nan Gàidheal -  
Bliadhna na h-Òigridh  
Dealbh: Andrew Smith

Fèisean nan Gàidheal -  
Year of Young People  
Photo: Andrew Smith



# Amasan airson Seirbheisean Corporra

## Corporate Service Aims

---

**Conaltradh**  
**Communications**

---

**Conaltradh leis a' phoball**  
**Communicating with the public**

---

**Fiosrachadh**  
**Information**

---


**Luchd-obrach - Gnìomhachdan**  
**Staff - Operations**



## Conaltradh Communications

### Suaicheantas

Tha an suaicheantas corporra dà chànanach anns a h-uile suidheachadh



### Logo

The corporate logo is bilingual at all times.

### Gnìomhan

Tha an dà chuid suaicheantasan Alba Chruthachail agus Sgrìn Alba dà-chànanach, chan eil roghainnean aona-chànanach eile ann, agus thèid cumail ris a seo fad na h-ùine.

- Alba Chruthachail: *Suaicheantasan Alba Chruthachail / Alba Chruthachail*
- Sgrìn Alba: *Suaicheantasan / Sgrìn Alba*

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

### Actions

Both Creative Scotland and Screen Scotland logos are bilingual, there are no single language alternatives, and this will be maintained at all times.

- Creative Scotland: *Creative Scotland Logos / Creative Scotland*
- Screen Scotland: *Logos / Screen Scotland*

### Timescale

Ongoing through 2023-28

## Conaltradh Communications

### Conaltradh sgrìobhte

Fàilte ga chur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.

### Gnìomhan

Tha Alba Chruthachail a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte, a' gabhail a-steach iarrtasan maoinachaidh, sa Ghàidhlig agus a' freagairt nan conaltradh sin ann an Gàidhlig. Cumaidh sinn oirnn le seo.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

## Written Communication

Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.

## Actions

Creative Scotland accepts written communications, including funding applications, in Gaelic and responds in Gaelic to those communications. We will continue to do so.

## Timescale

Ongoing through  
2023-28

## Conaltradh leis a' phoball Communicating with the public

### Ionad-fàilte agus am Fòn

Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis dhan phoball.

### Gnìomhan

Tha ionad-fàilte Alba Chruthachail air a bhith dùinte dhan phoball tro àm a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19 agus tha an t-seirbheis Cheistean againn air gluasad gu bhith air-loidhne/tro phost-d. Bithear a' toirt seachad freagairtean sa Ghàidhlig nuair a thathar ag iarraidh sin.

Agus sinn ag ath-sgrùdadh cleachdaidhean obrachaidh ùra às dèidh COVID, a' gabhail a-steach nan seirbheisean Fàilteachais is Cheistean againn, nì sinn cinnteach gun tèid beachdachadh air mar as fheàrr a chumas sinn oirnn a' toirt taic dhan Ghàidhlig sa cho-theacsa sin.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

### Reception and Phone

Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.

### Actions

Creative Scotland's reception has been closed to the public through the COVID-19 pandemic period and our Enquiries service has moved to online/email. Gaelic responses are provided where requested.

As we review new post-COVID operational practice, including our Reception and Enquiries services, we will ensure consideration is given to how we best continue to support Gaelic language in that context.

### Timescale

Ongoing through 2023-28

## Conaltradh leis a' phoball Communicating with the public

### Coinneamhan Phoblach

Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh (mar as iomchaidh agus a rèir stiùireadh COVID-19).



### Gnìomhan

Bha bacadh air coinneamhan poblach gu ìre mhòr tro àm galar lèir-sgaoilte COVID-19.

Ach, nuair a tha sinn a' tilleadh gu prògram thachartasan nas coileanta, nì sinn cinnteach gum bi a' Ghàidhlig ri faicinn aig na tachartasan againn uile - roinneil, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Leanaidh sinn oirnn a bhith a' cumail tachartasan sònraichte airson na Gàidhlig mar eisimpleir taisbeanadh nan ealainean Gàidhlig aig *Celtic Connections* agus brosnachadh tachartasan Gàidhlig aig *WOMEX* (is e tachartasan dà-chànanach a tha anns na dhà). Cumaidh sinn cuideachd tachartas conaltraidh agus còmhraidh Gàidhlig do luchd-ealain Gàidhlig agus buidhnean cultarach san t-Sultain 2023.

Cuiridh sinn ri cleachdadh na Gàidhlig ann an stuthan-taice airson tachartasan agus ann an òraidean far an gabh sin a dhèanamh.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

## Public meetings

Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted (as appropriate and as COVID-19 guidance permits).

## Actions

Public meetings were severely curtailed through the COVID-19 pandemic period.

However, as we return to a fuller events programme, we will ensure that a visible presence for Gaelic is maintained at all of our events – regional, national and international. We will continue to hold Gaelic specific events such as our Gaelic arts showcase at *Celtic Connections* and the promotion of Gaelic arts at *WOMEX* (both of which are bi-lingual events). We will also hold a Gaelic networking and sharing event for Gaelic artists and cultural organisations in September 2023.

We will increase the use of Gaelic in events support materials and speeches wherever possible.

## Timescale

Ongoing through 2023-28

## Fiosrachadh Information

### Fiosan- naidheachd

Na fiosan-naidheachd uile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.



### Gnìomhan

Tha sinn a' cur a-mach fiosan-naidheachd sa Ghàidhlig mar-thà (mar eisimpleir: *Sgeama Meantoraidd airson Bhreithnichean ùra Gàidhlig / Alba Chruthachail*) agus a h-uile brath naidheachd a bhuineas gu sònraichte do phròiseactan, buidhnean no iomairtean Gàidhlig air an cur a-mach an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Cleachdaidh sinn a' Ghàidhlig ann am brathan naidheachd, ann an cur air bhog pròiseactan agus ann an cothroman bruidhinn gu poblach a bharrachd air dìreach an fheadhainn a bhuineas gu soilleir ri na h-ealainean Gàidhlig.

Cuiridh sinn ris na h-oidhirpean againn gu Gàidhlig a thoirt a-steach ann am fiosan-naidheachd, foillseachaidhean agus cothroman labhairt poblach a bharrachd air na cothroman a tha a' buntainn gu sònraichte ris na h-ealainean Gàidhlig.

Ged a tha luchd-obrach againn le Gàidhlig cuideachd as urrainn Alba Chruthachail a riochdachadh anns na meadhanan agus air àrd-ùrlaran poblach, tha sinn gu mòr airson cur ris a seo tro leasachadh luchd-obrach, trèanadh agus fastadh san àm ri teachd.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

## News Releases

All news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.

## Actions

We already produce media releases in Gaelic (for example: *Mentoring scheme for emerging Gaelic arts critics | Creative Scotland*) and all news releases with specific relevance to Gaelic projects, organisations or initiatives are produced in both Gaelic and English.

We will include Gaelic in media releases, launches and public speaking opportunities beyond those specifically relating to Gaelic arts.

We also have Gaelic speaking staff who can represent Creative Scotland in the media and in public platforms, and we are committed to increasing this resource through staff development, training and future recruitment.

## Timescale

Ongoing through 2023-28

## Fiosrachadh Information

### Meadhanan sòisealta

Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann. Obraichidh sinn a dh'ionnsaigh co-dhiù 50 post fhoillseachadh, thar diofar meadhanan, gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin gach bliadhna.

### Gnìomhan

Bidh sinn a' cleachdadh susbaint sa Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta far a bheil sin iomchaidh agus ann an suidheachaidhean far a bheil sinn a' brosnachadh ealainean no susbaint sa Ghàidhlig no a' brosnachadh na Gàidhlig fhèin.

Stèidheachaidh sinn ìre bhunaiteach de naidheachdan meadhanan sòisealta gach bliadhna ann an Gàidhlig, agus meudaichidh sinn an àireamh seo gach bliadhna, thairis air gach seanail meadhan sòisealta, fhad is a mhaireas am plana.

Tha sinn ag amas air barrachd susbaint a sholarachadh san àm ri teachd aon uair 's gun tig piseach air na sgilean cànan is eadar-theangachaidh againn. Gu sònraichte, tha sinn airson conaltradh a dhèanamh sa Ghàidhlig nas trice tro na meadhanan sòisealta.

Tha na h-eachdraidhean-beatha corporra againn dà-chànanach air cuid de na seanailean didseatach agus nì sinn sin airson gach seanail didseatach.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28



## Social Media

Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users. We will work towards publishing at least 50 posts, across different platforms, bilingually or in Gaelic only each year.

## Actions

We use Gaelic on social media where appropriate and in circumstances where we are promoting Gaelic arts, language or content.

We will establish a baseline of current yearly social media posts in Gaelic and increase this number year on year, across all social media platforms, throughout the lifetime of the plan.

Our corporate biographies on some digital channels are bilingual and we will extend that to all digital channels.

## Timescale

Ongoing through  
2023-28



## Fiosrachadh Information

### Làrach-lìn

Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarras phoblaich, le cuideam ga chur air na duilleagan a bhuineas do chultar na Gàidhlig.

### Gnìomhan

Bidh sinn a' toirt seachad susbaint Ghàidhlig tro na làraichean-lìn againn (me Alba Chruthachail, Sgrìn Alba agus Ar Guth Cruthachail).

Bidh an làrach-lìn againn Opportunities (an làrach-lìn as mòr-chòrdte a th' againn) a' gabhail ri, agus a' foillseachadh, sanasan dà-chànanach airson obraichean agus cothroman leasachaidh eile.


Leanaidh sinn oirnn a' leasachadh agus ag brosnachadh susbaint Ghàidhlig tron làraich-lìn againn. Tha sinn a' gealltainn barrachd susbaint Ghàidhlig a bhith air ar làrach rè a' phlana seo le prìomhachas do shusbaint leis an ruigsinneachd as motha.

Bidh Alba Chruthachail ag ùrachadh a làraich-lìn aca ann an 2022-23 agus nithear cinnteach gum bi a' Ghàidhlig nas fhollaisiche mar phàirt den ath-leasachadh sin.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

Làrach-lìn ùraichte gu bhith air a cur air bhog ann an 2023/24



## Website

Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with relevance to Gaelic culture.

## Actions

We provide Gaelic content via our websites (e.g. Creative Scotland, Screen Scotland and Our Creative Voice).

Our Opportunities website (the most popular site that we operate) accepts and publishes bilingual advertising for job posts and other developmental opportunities.

We will continue to develop and promote Gaelic language content through our websites. We commit to increase Gaelic content on our website through the duration of this plan with priority given to content with the greatest reach.

Creative Scotland will be refreshing its website in 2023-24 and will ensure that Gaelic language has increased prominence as part of that redevelopment.

## Timescale

Ongoing through 2023-28

Refreshed website to be launched in 2023/24.

## Fiosrachadh Information

### Foillseachaidhean Corporra

Air an dèanamh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, far a bheil sin iomchaidh, le prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn a bhuineas do chultar na Gàidhlig.

### Gnìomhan

Bidh sinn a' toirt seachad prìomh shusbaint chorporra agus foillseachaidhean air-loidhne sa Ghàidhlig far an gabh sin dèanamh (mar eisimpleir: **Inbhean Iomadachd BFI – sgeama pileatach Sgrin Alba**) agus far a bheil e iomchaidh.

Tha sinn a' gealltainn gun ùraich sinn am poileasaidh againn gus a h-uile prìomh fhoillseachadh corporra (planaichean reachdail, ro-innleachdan agus poileasaidhean) a dhèanamh gu dà-chànanach; gun cum sinn oirnn a' cur a-mach fhoillseachaidhean iomchaidh gu dà-chànanach (m.e. an fheadhainn a tha a' brosnachadh chànanan na h-Alba, a' Ghàidhlig agus na h-ealainean traidiseanta); agus feuchainn ris an raon de dh'fhoillseachaidhean a bhios sinn a' dèanamh gu dà-chànanach a leudachadh a rèir ghoireasan agus bhuidseit.

Gu sònraichte, tha sinn a' gealltainn gum bi an stiùireadh maoineachaidh uile ri fhaighinn sa Ghàidhlig.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

Poileasaidh ùr airson eadar-theangachadh Gàidhlig de dh'fhoillseachaidhean corporra an sàs ann an 2023-24



## Corporate Publications

Produced in Gaelic and English, where appropriate, with priority given to those with relevance to Gaelic culture.

## Actions

We provide key corporate content and publications online in Gaelic wherever possible (for example: *Gaelic BFI Diversity Standards / Screen Scot*) and wherever relevant.

We commit to refreshing our policy to produce all key corporate publications (statutory plans, strategies and policies) bilingually; continue to produce relevant publications bilingually (e.g. those promoting Scotland's languages, Gaelic and trad arts); and seek to extend the range of publications that we produce bilingually in line with resources and budgets.

In particular, we commit to making all funding guidance available in Gaelic.

## Timescale

Ongoing through 2023-28

Refreshed policy for Gaelic translation of corporate publications in place 2023/24



## Luchd-obrach - Gníomhachdan Staff - Operations

### Sgrùdadh Luchd-obrach

Dèan sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.

### Gníomhan

Nì sinn sgrùdadh air sgilean agus feumalachdan trèanaidh mar phàirt den ùrachadh den phrògram trèanaidh Gàidhlig againn.

### Clàr-ama

Prògraman trèanaidh Gàidhlig air an ùrachadh is air an sgaoileadh dhan luchd-obrach ann an 2023/24.

### Internal Audit

Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.

### Actions

We will conduct an audit of Gaelic language skills and training needs as part of the refresh of our Gaelic language training programme.

### Timescale

Gaelic language training programme refreshed and rolled out for Staff in 2024/25.

## Luchd-obrach - Gníomhachdan Staff - Operations

### Inntrigeadh

Eòlas air plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich mar phàirt den phròiseas inntrigidh do luchd-obrach ùra.

### Gníomhan

Tha mothachadh air àite Alba Chruthachail ann a bhith a' toirt taic dhan Ghàidhlig na phàirt de phrògram inntrigidh an luchd-obrach againn agus cumaidh sinn oirnn le seo.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

### Induction

Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions.

### Actions

Awareness of Creative Scotland's role in supporting Gaelic language is included in our staff induction programme and this will continue to be the case.

### Timescale

Ongoing through 2023-28

## Luchd-obrach - Gnìomhachdan Staff - Operations

### Trèanadh Cànan

Trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig air a thabhann dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.

### Gnìomhan

Tha aon neach-obrach aig Alba Chruthachail an-dràsta a tha an dà chuid fileanta sa Ghàidhlig agus ag obair gu sònraichte air na h-ealainean Ghàidhlig.

Tha luchd-obrach againn a tha fileanta sa Ghàidhlig aig a bheil obair nach eil co-cheangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig, agus grunn luchd-obrach a tha ag ionnsachadh/no a' dèanamh trèanadh foirmeil sa Ghàidhlig.

Cumaidh sinn oirnn a bhith a' brosnachadh mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach agus dhan Bhòrd agus le bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig. Nì sinn ar dìcheall gus cur ri sgilean Gàidhlig tro bhuidheann an luchd-obrach againn, tro thrèanadh is ionnsachadh, a' cur ri cleachdadh a' chànan san obair againn.

### Clàr-ama

Prògraman trèanaidh Gàidhlig air an ùrachadh is air an sgaoileadh dhan luchd-obrach ann an 2024/25.





## Language Training

Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.

## Actions

Creative Scotland currently has one member of staff who is both fluent in Gaelic and working specifically on Gaelic arts.

We have members of staff who are fluent Gaelic speakers whose jobs are not specifically related to Gaelic, and a number of staff who are in formal Gaelic learning/training.

We will continue to promote Gaelic awareness for staff and Board and to promote and support Gaelic learning. We will endeavour to increase Gaelic language skills across our staff group, through training and learning, increasing the use of the language in our operations.

## Timescale

Gaelic language training programme refreshed and rolled out for Staff in 2024/25.



## Luchd-obrach - Gnìomhachdan Staff - Operations

### Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig

Trèanadh mothachaidh Gàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleasan a bhith a' conaltradh gu dìreach leis a' mhòr-shluagh.

### Gnìomhan

Ro-COVID, bha sinn a' tabhann trèanadh Mothachadh Gàidhlig dhan luchd-obrach air fad agus bha buidheann Gàidhlig luchd-obrach againn airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh.

Tha sinn a' gealltainn gun ùraich sinn am prògram mothachadh Ghàidhlig againn ann an 2024/25 a rèir gnìomhachd agus cleachdaidhean obrach às dèidh COVID.

### Clàr-ama

Prògraman mothachaidh Gàidhlig air ùrachadh is air a sgaoileadh dhan luchd-obrach ann an 2024/25.

### Gaelic Awareness Training

Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.

### Actions

Pre-COVID, we offered Gaelic Awareness training for all staff and had a staff Gaelic language group for speakers and learners.

We commit to refreshing our Gaelic language awareness programme in 2024/25 to reflect post-COVID operations and working practices.

### Timescale

Gaelic language awareness programme refreshed and rolled out for Staff in 2024/25.

## Luchd-obrach - Gníomhachdan Staff - Operations

### Fastadh

A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh.

Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am plana Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig.

Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.

### Gníomhan

Bidh sgilean Gàidhlig air an aithneachadh agus thèid meas a thoirt dhaibh ann am fastadh do dh'Alba Chruthachail agus Sgrìn Alba.

Thèid Gàidhlig ainmeachadh mar sgil ion-mhiannaichte anns a h-uile tuairisgeul obrach fastaidh no mar sgil riatanach ann an tuairisgeulan obrach le fòcas sònraichte air a' Ghàidhlig is na h-ealainean Gàidhlig (me Oifigear Ealain Ghàidhlig).

Thèid sanasan obrach dà-chànanach a chleachdadh do dh'obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.

### Clàr-ama

A' leantainn tro 2023-28

### Recruitment

Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process.

Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice.

Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.

### Actions


Gaelic skills will be recognised and respected in Creative Scotland and Screen Scotland recruitment.

Gaelic language will be named as a desirable skill in all recruitment job descriptions or as an essential skill in job descriptions with a specific focus on Gaelic arts and language (e.g. Gaelic Arts Officer).

Bilingual recruitment advertising will be used for posts where Gaelic is an essential skill.

### Timescale

Ongoing through 2023-28




# Buileachadh

## Earran 4

Sràid Nile an Iar,  
Glaschu

West Nile Street,  
Glasgow



# Implementation

## Section 4



## Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh fad còig bliadhna bhon cheann-latha foillseachaidh, bho 2023-28.

## Sanasachd airson a' Phlana

Thèid am Plana Gàidhlig againn fhoillseachadh gu didseatach agus gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn agus, mar thoradh air seasmhachd àrainneachdail, cha tèid a chlò-bhualadh.

A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- Cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' Phlana
- Brosnaichidh sinn am Plana tro na seanailean againn sna meadhanan sòisealta
- Nì sinn cinnteach gu bheil fios aig an Luchd-obrach againn mun Phlana, foillsichidh sinn air an eadra-lìon e agus cruthaichidh sinn stiùireadh do luchd-obrach stèidhichte air.
- Cuir a-mach lethbhreacan clò-bhuailte a rèir iarrtais.



## Timetable

This Gaelic Language Plan will remain in place for a period of five years from publication date and covers the years 2023-28.

## Publicising the Plan

Our Gaelic Language Plan will be published digitally and bilingually on our website and, in the interests of environmental sustainability, will not be printed.

In addition, we will:

- Issue a news release announcing the publication of the Plan
- Promote the Plan via our social media channels
- Make the Plan known to our Staff, publish on our intranet and develop guidance for Staff on its use
- Make printed copies available on request.



Buain 2023 - Cruinneachadh  
Iuchd-ealain na Gàidhlig  
Dealbh le Holly Pearson  
Photography do dh'Astar  
Media

Buain 2023 - Gaelic  
Arts Gathering  
Image by Holly Pearson  
Photography for Astar Media



## Ullachaidhean rianachd airson am Plana a bhuileachadh

Thèid am Plana seo fhoillseachadh às dèidh aonta bho Bhòrd na Gàidhlig as t-Fhoghar 2023.

Chaidh dreachd den Phlana fhoillseachadh airson co-chomhairleachaidh phoblaich as t-Fhoghar 2022. Fhuair sinn sia freagairtean; cha do adhbharaich gin dhiubh atharraichean brìghmhor san dreachd.

Mar an t-Oifigear Cunntachail, tha an t-Àrd-oifigeir cunntachail aig a' cheann thall airson dèanamh cinnteach gun coilean Alba Cruthachail na gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Phlana agus 's e an Stiùiriche a tha an urra ris a' Phlana Kenneth Fowler, Stiùiridh Conaltraidh agus Dàimhean A-muigh.

Nì sinn cinnteach gun lean aontaidhean le treas-phàrtaidhean a thaobh libhrigeadh nan seirbheisean againn teirmichean a' Phlana seo. Tha an gealltanasan seo a' gabhail a-steach seirbheis sam bith a dh'fhaodadh a bhith air a chur a-mach air cùmhnant. Nì sinn cinnteach gun tèid na riaghailtean anns an tionndadh làthaireach de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn agus cleachdaidh sinn Ainmean-àite mar a chaidh aontachadh le Ainmean-àite na h-Alba.

## Administrative arrangements for implementing the Plan

This Plan will be published following approval by Bord na Gàidhlig in Autumn 2023.

A draft version of the Plan was made available for public consultation in Autumn 2022. We received six responses, none of which led to material change to the draft.

As Accountable Officer, the Chief Executive is responsible for ensuring that Creative Scotland delivers on the commitments set out in this Plan and the responsible Director is Kenneth Fowler, Director of Communications and External Relations.

We will ensure that agreements or arrangements with third parties that relate to the delivery of our services follow the terms of this Plan. This commitment includes any services that may be contracted out. We will ensure that the rules of the current Gaelic Orthographic Conventions are followed, and we will use Gaelic place names as agreed by Ainmean-àite na h-Alba.

## A' goireasachadh a' Phlana

Chaidh am plana seo a sgrìobhadh stèidhichte air na goireasan a th' aig Alba Chruthachail an-dràsta. Mas e is gun atharraich an ìre de ghoireasan a th' againn, nì sinn ullachadh agus atharrachadh iomchaidh gus an tèid am Plana seo a libhrigeadh.

## Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Ann an sgrùdadh buileachadh a' Phlana, cuiridh sinn fòcas air na leanas:

- A' sgrìobhadh aithisg bhliadhnail de na gnìomhan Gàidhlig a rinn Alba Chruthachail agus a' cur na h-aithisg seo do Bhòrd na Gàidhlig
- A' clàradh is a' freagairt a' chonaltraidh uile a gheibhear sa Ghàidhlig
- Cùm sùil air agus clàraich àireamh luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig am measg an luchd-obrach.

## Resourcing the Plan

The Plan has been devised based on the current resources available to Creative Scotland. Should current resources change, we will make adequate provision and amendments to ensure the ongoing delivery of the Plan.

## Monitoring the Implementation of the Plan

In monitoring the implementation of the Plan, we will focus on the following:

- Write an annual report on the Gaelic activities undertaken by Creative Scotland and submit this report to Bòrd na Gàidhlig
- Log and respond to all Gaelic enquiries
- Monitor and record the number of Gaelic speaking Staff and learners.

Buain 2023 - Cruinneachadh  
Iuchd-ealain na Gàidhlig

*Dealbh le Holly Pearson  
Photography do dh'Astar  
Media*

Buain 2023 - Gaelic  
Arts Gathering

*Image by Holly Pearson  
Photography for Astar Media*



'Stornoway, Quebec' le  
Theatre Gu Leòr

Dealbh: Mihaela Bodlovic

Production of  
'Stornoway, Quebec' by  
Theatre Gu Leòr

Photo: Mihaela Bodlovic



Geata Waverley,  
2-4 Rathad Bhatarlù,  
Dùn Èideann, EH1 3EG  
Alba RA

Waverley Gate  
2-4 Waterloo Place  
Edinburgh EH1 3EG  
Scotland UK

An Taigh-solais,  
Caolshràid Mitchell,  
Glaschu, G1 3NU.  
Alba RA

The Lighthouse  
Mitchell Lane  
Glasgow G1 3NU  
Scotland UK

